

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim a' mholaidh le Comhairle Roinn na Gàidhealtachd sgìre-sgoile a dhaingneachadh airson Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar agus ullachaidhean a tha ann aig an àm a tha an làthair a chur air stèidh fhoirmeil airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) ann an àrd-sgoiltean co-cheangailte.

Bidh an sgìre-sgoile FMG ùr airson Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar a rèir nan sgìrean-sgoile a tha ann aig an àm a tha an làthair airson Bun-sgoil Bhanbhaidh, Bun-sgoil a' Chaoil, Bun-sgoil Inbhir Lòchaidh, Bun-sgoil Lunn Dà Bhrà, Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh, Bun-sgoil Drochaid an Aonachain agus Bun-sgoil Naomh Brìghde.

Bidh an sgìre-sgoile airson Àrd-sgoil Loch Abar co-ionann airson FMG agus Foghlam Tro Mheadhan na Beurla, agus fon seo bidh sgoilearan bho Bhun-sgoil Naomh Brìghde (pàirt den bhuidheann sgoile co-cheangailte airson Ceann Loch Liobhann) ceadaichte Àrd-sgoil Loch Abar a fhrithealadh gus cothrom fhaighinn air FMG, ma bha iad a' frithealadh Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar ron seo.

1. Ro-ràdh

1.1 Tha an aithisg seo bho Foghlam Alba air a h-ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) a rèir cumhachan *Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus a rèir nan atharrachaidhean ann an *Achd na Cloinne agus Dhaoine Òga (Alba) 2014*. Is e adhbhar na h-aithisg breithneachadh neo-eisimeileach is neo-phàirteach a dhèanamh air moladh Chomhairle na Gàidhealtachd sgìre-sgoile a dhaingneachadh airson Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar agus ullachaidhean a tha ann aig an àm a tha an làthair a chur air stèidh fhoirmeil airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) ann an àrd-sgoiltean co-cheangailte. Tha Earrann 2 den aithisg a' cur an cèill cunntas goirid mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 a' cur an cèill beachdan Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu thaobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach beachdan cudromach a chaidh a thoirt leis an luchd-comhairleachaidh. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-chunntas air beachd farsaing Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' mholadh. An uair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd a' cur riathanas air a' chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aige fhèin ullachadh. Bu chòir dhan aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aig a' chomhairle a bhith a' gabhail a-steach lethbhreac den aithisg seo agus feumaidh mìneachadh a bhith innte, ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun mholadh, mun lèirmheas a tha e air a dhèanamh air a' mholadh a chaidh a dhèanamh o thùs, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingeann a chaidh a thogail tron phròiseas co-chomhairleachaidh agus freagairt na comhairle dhaibh.

Feumaidh a' chomhairle aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach fhoillseachadh trì seachdainean mus tig e gu co-dhùnadh deireannach. Far a bheil comhairle a' moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh e na dleastanasan reachdail air fad a tha ann an Achd 2010 a choileanadh, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt fios do Mhinistearan taobh a-staigh sia làithean-obrach on thig e chun a' cho-dhùnaidh dheireannaich agus a' mìneachadh do luchd-co-chomhairleachaidh an cothrom a tha aca riochdachaidhean a dhèanamh gu na Ministearan.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus daoine òga bho na sgoiltean; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho cheann-là foillseachaidh na h-aithisg molaidh; agus clann agus daoine òga eile ann an roinn na comhairle;
- buaidh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- mar a tha a' chomhairle am beachd droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh èirigh bhon mholadh, a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle am beachd a thigeadh bho bhith a' cur a' mholaidh seo an cèill, agus adhbharan na comhairle airson a bhith a' tighinn chun nam beachdan sin.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh na gnìomhan a leanas:

- a bhith an làthair aig a' choinneamh phoblaich a chaidh a cumail air 27 Gearran 2018 mu mholaidhean na Comhairle;
- beachdachadh air na pàipearan iomchaidh air fad a chaidh a thoirt leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte an aithris air buannachdan foghlaim agus na sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh buntainneach, fianais sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan agus bho dhaoine eile;
- coinneamhan gus comhairle a chur ri luchd-ùidh anns gach fear de na buidhnean sgoile co-cheangailte a bha air an ainmeachadh sa mholadh agus far an deach conaltradh sgrìobhte fhaighinn mun deidhinn. Chaidh na coinneamhan sin an cumail aig Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar, Àrd-sgoil Cheann Loch Liobhainn agus Àrd-sgoil Àird nam Murchan; agus
- còmhraidhean fa leth mar a bha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' meas iomchaidh.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Rinn Comhairle na Gàidhealtachd co-chomhairleachadh air a mholadh (mholaidhean) a rèir cumhachan *Achd nan Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus a rèir nan atharrachaidhean ann an *Achd na Cloinne agus Dhaoine Òga (Alba) 2014*.

2.2 Lean am pròiseas co-chomhairleachaidh bho 29 Faoilleach 2018 gu 16 Màrt 2018. Rè an ama sin, chùm a' chomhairle coinneamh phoblach ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar. Fhritheil dithis a' choinneamh. Chaidh fios a-mach sna pàipearan ionadail agus air seirbheisean air-loidhne na comhairle. Chaidh fios a thoirt do bhuidhnean reachdail, a' gabhail a-steach pàrantan/luchd-cùraim, clann,

luchd-obrach agus Bòrd na Gàidhlig mun cho-chomhairleachadh. Chaidh fios a thoirt do bhuidhnean Gàidhlig eile cuideachd. Dh'fhoillsich a' chomhairle pàipearan mun cho-chomhairleachadh air an làrach-lìn. Chuairtich iad pàipearan cuideachd gu làn raon de luchd-ùidh is bhuidhnean eile le ùidh sa chùis. Chuir a' chomhairle ullachaidhean iomchaidh nan àite gus cothrom a thoirt don fheadhainn aig an robh ùidh sa chùis freagairt a thoirt don mholadh, an dà chuid gu eileagtronaigeach no air pàipear. Fhuaras deich freagairtean sgrìobhte. Bha iad seo a' gabhail a-steach freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig anns an robh iad a' toirt taic dhan mholadh sgìrean-sgoile a stèidheachadh airson FMG. San fharsaingeachd thog freagairtean eile grunnan uallachaidhean reusanta. Mar thoradh air iarrtas on chomhairle, rinn ceannard Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar co-chomhairleachadh leis a' chloinn. San fharsaingeachd, thug a' chlann taic do mholadh na comhairle sgìrean-sgoile a stèidheachadh airson FMG, le glè bheag de chùraman air an togail.

3. Taobhan Foghlaim a' Mholaidh

3.1 Tha moladh Chomhairle na Gàidhealtachd mar fhreagairt air reachdas a tha airson sgìrean-sgoile a stèidheachadh airson solar FMG. Tha a' chomhairle a' toirt air adhart dleastanas a bhith a' toirt taic do agus ag adhartachadh solar FMG. Ged a tha a' mhòr-chuid de luchd-ùidh san fharsaingeachd a' toirt taic don mholadh tar-ruigheach, tha an comas ann misneachd cuid den luchd-ùidh a mheudachadh a thaobh cuid de thaobhan den mholadh. Ann a bhith a' crìochnachadh na h-aithisg, bu chòir dhan chomhairle a dhèanamh soilleir ciamar a bheir iad air adhart cuid de dh'uallachaidhean reusanta. Tha na h-uallachaidhean sin air an liostadh gu h-ìosal.

3.2 Bhruidhinn an luchd-ùidh a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gu deimhinneach mun dealas a thaobh Foghlaim Gàidhlig. Chomharraich iad gu bheil a' Ghàidhlig mar nì sònraichte ann an sgìre Loch Abar san fharsaingeachd. Mar sin, bha beagan den luchd-ùidh a' faireachdainn gum bu chòir dhan cho-chomhairleachadh aig an aon àm a bhith air sgìre Loch Abar air fad a gabhail a-steach. Bhiodh seo, bha iad a' faireachdainn air sealladh nas fharsaingeachd adhbharachadh de FMG thar Loch Abar. Bha grunnan den luchd-ùidh nach robh dhen bheachd gun robh feum ann a bhith a' stèidheachadh sgìrean-sgoile airson FMG. Bha cuid eile den luchd-ùidh nach robh a' faireachdainn gun robh e riatanach a bhith a' stèidheachadh sgìrean-sgoile gus am biodh cothrom air FMG a' fantainn fosgailte do na h-uile. San aithisg dheireannaich, feumaidh aithris na comhairle mu bhuannachdan foghlaim mìneachadh gu soilleir a' bhuannachd a bhios ann do FMG air feadh sgìre Loch Abar a bhith a' coinneachadh ris an riatanas reachdail seo.

3.3 Thog luchd-ùidh uallachaidhean co-cheangailte ri planadh ro-innleachdail a thaobh seasmhachd FMG. Bha seo a' gabhail a-steach soilleireachd agus, ann an cuid de chùisean, a' togail mothachadh air slatan-tomhais na comhairle a thaobh a bhith a' toirt còmhaidh don t-solar FMG. Bha beagan den luchd-ùidh dhen bheachd gun robh an t-slat-tomhais a bha air a stèidheachadh mar astar siubhail reusanta airson a bhith a' faighinn FMG ro chuibhreachail. Bha cuid eile ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mun dòigh anns am biodh a' chomhairle a' coinneachadh ris na gealltanasan a tha iad a' toirt seachad sa phàipear molaidh, fo chumhachan Achd an Fhoghlaim (Alba), gus coinneachadh ris na h-iarrtasan solar ùr FMG a stèidheachadh. Bha seo gu sònraichte fìor mar thoradh air na cùisean aithnichte gu

nàiseanta a thaobh a bhith a' fastadh thidsearan FMG. Bu chòir dhan dreach dheireannach den aithisg na cùisean sin a shoilleireachadh.

3.4 Chomharraich cuid den luchd-ùidh cùisean a dh'fhaodadh a bhith co-cheangailte ri cothromas agus co-ionannachd nam b' e is gun deigheadh am moladh air adhart. Tha seo mar thoradh gur e dìreach cuid de na bun-sgoiltean a tha co-cheangailte ri Àrd-sgoil Cheann Loch Lìobhainn agus Àrd-sgoil Loch Abar a tha air an ainmeachadh mar phàirt de sgìre-sgoile Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar. Tha a' chomhairle a' faireachdainn gu bheil iad air sgoiltean a chomharrachadh dham bheil an t-astar siubhail reusanta agus tarraingeach do phàrantan, mar a tha air iarraidh orra san Stiùireadh reachdail. Bha beachd làidir ann gum bu chòir don bhuidheann sgoile air fad a bha co-cheangailte ri Àrd-sgoil Cheann Loch Lìobhainn a bhith air a ghabhail a-steach anns an sgìre-sgoile, agus nach b' e a-mhàin dìreach Bun-sgoil Naomh Brìghde. Ach, bha uallach air cuid gum faodadh droch bhuaidh a bhith aig seo air àireamhan Àrd-sgoil Cheann Loch Lìobhainn san àm ri teachd. Ann an cùis Bhun-sgoil Bhaile a' Chaolais, tha luchd-ùidh ag aithris gu bheil ùidh aig beagan phàrantan cothrom fhaighinn air FMG airson an cuid chloinne. Tha iad a' faireachdainn gun deigheadh coinneachadh ris an ùidh seo na b' fheàrr tro bhith a' frithealadh Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar seach a bhith a' stèidheachadh solar FMG mar phàirt de Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016. Feumaidh a' chomhairle a bhith soilleir gu bheil measaidhean mu ùidh phàrantan ann am FMG mar stèidh den cho-dhùnadh dheireannach aca ann a bhith a' daingneachadh na sgìre-sgoile airson Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar. Bu chòir dhaibh cuideachd dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cur ullachaidhean ann an àite a shàsaicheas iarrtas san àm ri teachd airson FMG.

3.5 Bha dùbhlann làidir an aghaidh moladh sam bith a dh'fhaodadh a bhith a' ciallachadh gum biodh sgoilearan a dh'fhaodadh a bhith a' frithealadh Bun-sgoil Àird Ghobhair a bhith air an oideachadh ann an FMG taobh a-muigh sgìre-sgoile co-cheangailte ri Àrd-sgoil Àird nam Murchan. San aithisg dheireannaich aca, bu chòir dhan chomhairle ainmeachadh nach eil am moladh aca a' gabhail a-steach sgìre-sgoile meadhan na Beurla airson Bun-sgoil Àird Ghobhair ann an sgìre-sgoile Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar.

4. Geàrr-iomradh

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt air adhart dleastanas a bhith a' toirt taic do agus ag adhartachadh FMG le bhith a' stèidheachadh sgìre-sgoile airson Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar. Tha iad cuideachd a' cur nan ullachaidhean a tha ann aig an àm a tha an làthair a thaobh àrd-sgoiltean co-cheangailte ann an riochd foirmeil. Ann a bhith a' crìochnachadh na h-aithisg aige, bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart a bhith an sàs le luchd-ùidh gus taobhan den mholadh a shoilleireachadh agus gus dèiligeadh ri uallachaidhean. Bu chòir dhaibh tuilleadh mìneachaidh a dhèanamh air an dòigh sa bheil na prionnsabalan aca mu 'astar reusanta' ag adhartachadh còir air FMG. Gu sònraichte, a thaobh sgoiltean a tha sna sgìrean-sgoile aig an àm a tha an làthair nach bi sna sgìrean-sgoile FMG a tha air am moladh. Tha luchd-ùidh a' faireachdainn gu bheil na sgoiltean sin faisg air làimh agus gum bi clann a' call a-mach. Bu chòir do dh'aithris na comhairle a bhith a' brosnachadh tuilleadh misneachd mun dòigh anns am bi iad a' coinneachadh ri

iarrtasan san àm ri teachd airson FMG a tha taobh a-muigh na sgìre-sgoile a tha air a mholadh airson Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar.

**Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
Foghlam Alba
An Giblean 2018**